

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A’ CUIDEACHADH LE TAIC IS COTHROMAN DHAN LUCHD-IONNSACHAIDH

12 An Dàmhair 2010

Tha leudachadh ann an Ùlpan mar phàirt chudromach de phlana gnìomh a’ Bhùird Ginealach Ùr na Gàidhlig agus tha an aithisg rannsachaidh Gàidhlig do dh’Inbhich, a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid a’ soilleireachadh am feum a tha ann airson cothroman ionnsachaidh aig inbhich a leudachadh gu mòr.

A’ foillseachadh taic ùr dhan chompanaidh a tha a’ leasachadh na sgeama ionnsachaidh an-diugh (Dimàirt, 12mh Dàmhair) aig a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail ann an Gallaibh, thuirt Cathraiche a’ Bhùird, Art MacCarraig, gu robh e san amharc gum biodh suas gu ceithir no còig uibhir na tha de luchd-ionnsachaidh na th’ ann an dràsta, a’ leantainn nan cùrsaichean Ùlpan.

Thuirt e: “Bidh am Bòrd a’ toirt £112k a bharrachd do Dheiseal ann an 2010-11, a’ toirt an taic gu £202k uile gu lèir, airson ìmpidh a chur dhan obair. Tha sinn cuideachd air aontachadh £250k ann am prionnsabail anns an dà bhliadhna an dèidh sin. Tha 126 oidean an sàs ann an Ùlpan an-dràsta le còrr is mìle oileanach. Tha targaidean mhiannaichte aig Deiseal sin a leudachadh gu 480 oidean agus còrr is 4,000 oileanach ro 2014. Sin an seòrsa adhartais a tha a dhìth oirnn agus ’s e seo an dòigh as èifeachdaiche a th’ againn an dràsta airson a bhith a’ togail air na h-àireamhan a tha a dhìth.”

Thuirt Mgr MacCarraig: “Tha cothroman ionnsachaidh de dh’iomadh seòrsa deatamach airson inbhich le Gàidhlig gus na sgilean aca a neartachadh agus dhaibhsan a tha a’ tòiseachadh ag ionnsachadh gus ìre fileantachd a ruighinn. Bu mhath leinn suidheachadh fhaicinn far a bheil pàrantan ag ionnsachadh na Gàidhlig gus am bi cothrom nas fheàrr aca sgilean Gàidhlig a thoirt dhan ath ghinealach agus airson taic a chumail ri clann a tha dol tro foghlam Gàidhlig.”

“Tro Ùlpan, agus cùrsaichean eile, tha cothrom ann suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh ann an seirbheisean poblach agus cothroman-cosnaidh a chruthachadh, gu h-àraidh ann an coimhearsnachdan iomallach agus far a bheil cion chothroman.”

“Bidh am Bòrd a’ cur air dòigh siostam measaidh airson tomhais a dhèanamh air adhartas nan oileanach tro Ùlpan agus ag obair còmhla ri Deiseal, Iomairt na Gàidhealtachd agus nan

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Eilean agus Skills Development Scotland ach an tèid co-obrachadh èifeachdach a chur air dòigh le taic-airgid dhan phròiseact agus comhairle phractaigeach.”

A bharrachd air leasachadh taic Ùlpan, dh’fhoillsich am Bòrd cuideachd taic do bhuidhnean ionadail an Gallaibh agus Cataibh.

Tha Comunn Gàidhealach Ghallaibh air aonta taic-airgid fhaighinn thairis air trì bliadhna airson bhrosnachadh ùidh chloinne le Fèis Ghallaibh a stèidheachadh. Tha Cròileagan Inbhir Theòrsa a' faighinn taic airson bùthan-obrach a chumail far am bi a' chlann agus am pàrantan ag ionnsachadh òrain Ghàidhlig airson an seinn còmhla ri càch a chèile. Fhuair an t-ionad ionnsachaidh ann an Ceann Loch Biorbhaidh taic airson latha blasad Ùlpan a chur air dòigh am bliadhna, mar thoiseach-tòiseachaidh airson ùidh a thogail ann an clasaichean Gàidhlig. Fhuair a' bhuidheann Am Parbh aonta taic-airgid airson deireadh seachdain Fèis an Iar Thuath a ruith 'S e tachartas ùr a bhios a seo agus thathas an dùil gum bi e a' gabhail àite nas fhaide air a' bhliadhna. Bidh iad a' tabhann oideachadh ciùil agus Gàidhlig do chloinn agus òigridh na sgìre agus bidh cothrom aig pàrantan agus buill na comataidh gabhail pàirt ann an clasaichean Gàidhlig. Tha am Bòrd ag obair le Taigh-tasgaidh Srath Nàbhair airson barrachd Gàidhlig a chleachdadh anns an taigh-tasgaidh. Tha seo aig ìre thràth fhathast ach tha am Bòrd an dòchas gu gabh seo a leasachadh a dh'aithghearr.

“Tha na pròiseactan seo tro Taic Freumhan Coimhearsnachd cudromach ann a bhith a' brosnachadh nan coimhearsnachdan san sgìre seo adhartas a dhèanamh ann an togail agus cleachdadh na Gàidhlig. Tha ùidh aig cuid de na coimhearsnachdan seo ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a stèidheachadh agus bi am Bòrd gan cuideachadh le seo. Tha na pròiseactan seo, agus an taic do dh' Ùlpan a' sealltainn gu bheil sinn a' dèanamh adhartais le Ginealach Ùr na Gàidhlig a chur an gnìomh”, thuirt Mghr MacCarraig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG FACILITATING MORE OPPORTUNITIES TO LEARN GAELIC

12 October 2010

Development of Ùlpan as a key provider of services to learners was a major element of the Bòrd's action plan Ginealach Ùr na Gàidhlig (a new generation of Gaelic speakers) and the recently published research report Gàidhlig do dh'Inbhich, (Gaelic for adults) highlighted the need for enhanced provision for adult learners in particular

. Speaking at the Royal National Mod in Caithness today (Tuesday, October 13), confirming the detail of the increased support for Deiseal, the company which manages the provision of Ùlpan, Bòrd Cathraiche (Chair) Arthur Cormack said that the aim was to achieve around four or five times the number of people learning Gaelic compared to current levels involved with Ùlpan.

He said: "The Bòrd is providing an additional £112k for Deiseal in 2010-11, taking the level of support to £202k in total, so that the rate of provision can be accelerated. We have also approved in principle support of £250k for each of the two years after that. There are 126 tutors working on just now with more than 1,000 students. Deiseal's targets are to increase that to 480 tutors and 4,000 students before 2014. That is the sort of learners' level we need to achieve and this is the most efficient way we currently have of achieving our aspirations."

Mr Cormack added: "It is very important that we have a range of facilities available to adult learners of Gaelic so that they can develop their skills in the language and also that we provide beginners with the opportunity to set out on a pathway to fluency. Ideally we would like to see more parents learning the language so that they can pass on the language to the next generation whilst supporting their children undertaking their education through Gaelic."

"Ùlpan, and other courses provide us with enhanced opportunities to make Gaelic available through public services and sources of employment, especially in fragile areas where few opportunities of that nature exist."

"The Bòrd is developing an assessment process which will measure learners' progress whilst undertaking Ùlpan and we will be working with Deiseal, Highlands and Islands Enterprise and Skills Development Scotland to establish an effective partnership for the project which will provide financial support and other practical assistance."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Mr Cormack also confirmed Bòrd support for a number of other Gaelic projects in Caithness and Sutherland.

An Comunn Gàidhealach's Caithness branch has been given financial assistance over the next three years to try and encourage young people in the areas to establish Fèis Ghallaibh. Cròileagan Inbhir Theòrsa has been offered support to hold workshops to enable children and parents to come together to learn Gaelic songs. The Gaelic learning facility in Kinlochbervie has been given assistance to provide taster sessions for Ùlpan course this year to measure the need for further provision of Gaelic classes. The group Am Parbh has received support for the proposed weekend festival Fèis an Iar Thuath. This will be a new event and it is expected that the first will be held later this year. The Fèis will offer young people the chance to learn Gaelic and musical instruments and parents will also have the opportunity to learn the language. Finally, the Board of the Strathnaver Museum is discussing opportunities to use more Gaelic in its presentations and display material. These discussions are at an early stage, but Bòrd na Gàidhlig anticipates progress soon.

Mr Cormack said: "These projects are funded under our community assistance programme Taic Freumhan Coimhearsnachd and they are important in developing a sense of a Gaelic community in this area and in offering opportunities to use the language in a meaningful way. Some of the communities have expressed an interest in Gaelic medium education and the Bòrd will assist in these areas as well. Taken in the round, the package of assistance and the major development in relation to Ùlpan shows that we are making very clear progress with our implementation of Ginealach Ùr na Gàidhlig."